



Teisteanais
Nàiseanta
2017

X732/77/11

Àrd-Ìre Adhartach

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

9:00 M – 10:30 M

**Gàidhlig
Sgrùdadh**

Gàidhlig
Practical Criticism

Comharran gu lèir — 30

Leugh Teacsa 1 agus Teacsa 2 agus feuch na ceistean UILE.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairtean gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 1 *

Comharran gu lèir — 30

Leugh an earrann agus feuch na ceistean UILE.

Teacsa 1 — Neo-fhicsean: Rosg

Smachd a' chamara

Cha mhòr gu bheil latha a' dol seachad nach eil aithris a' nochdadh air droch thubaist rathaid, agus ged a tha cus astair air aon de na h-adhbharan seo, tha trioblaidean eile ris am bu chòir sealltainn cuideachd. Chan eil mi idir ag ràdh gur e fear a th' annam a tha a' cur lagh ann an suarachas ach feumaidh mi aideachadh nach eil mi air a bhith a' gabhail cus dragha a bhith

5 a' siubhal beagan nas luaithe na an t-astar ceadaichte gu h-àraidh far am biodh rathad fosgailte romham. Chan eil mi den bheachd gun robh sin gam chur fhìn no daoine eile ann an cunnart oir saoilidh mi gu bheil rud eadar ciall agus caothach.

Cha mhotha na sin a tha mi ag ràdh nach eil cus astair cunnartach ach thar faisg air leth-cheud bliadhna de dhràibheadh agus fad mòran dhiubh sin bha mi a' siubhal suas còrr air fichead mìle

10 sa bhliadhna le càr, chan fhaca mi riamh duine ga pheanasachadh airson a bhith a' bacadh luchd-siubhail le bhith a' dol tuilleadh is mall! Na mo bheachd tha an fheadhainn a tha a' siubhal ro mhall agus nach leig carbadan eile seachad a' leamhachadh dhaoine chun na h-ìre 's gu bheil dràibhear an a' feuchainn seachad nuair nach eil sin sàbhailte. Tha an dràibhear mall pailt cho cunnartach ri fear an astair mhòir, 's dòcha fiù 's nas miosa leis gu bheil e buailteach uimhir a

15 bhuidh a thoirt air luchd-siubhail eile.

Bha mi air gnothach ann an Glaschu an t-seachdain seo chaidh agus rinn mi rud nach d' rinn mi riamh roimhe mas math mo chuimhne. B' e sin feuchainn ri siubhal fad na slighe aig an astar a tha ceadaichte fon lagh! Tuigidh sibh, tha mi cinnteach, carson a bha mise cho modhail air an A9: tha an rathad sin fo sgrùdadh mionaideach chamara eadar Peairt is Inbhir Nis. Ma shiubhlas dràibhear

20 nas luaithe na bu chòir eadar dà chamara, thèid càin a thogail na aghaidh is dealbh chamara mar fhianais ga dhètheadh.

Ach saoil dè thachradh nam biodh truaghan air choreigin a' dol a shiubhal na ceud mìle eadar Inbhir Nis is Peairt fiù 's beagan ro luath o chionn 's gun robh iad ann an cabhaig? Leis gu bheil uimhir de camarathan air an t-slighe is iad uile ga chlàradh agus ga dhètheadh, am faodadh gum biodh de phuingean peanais an aghaidh an neach sin mun àm a ruigeadh e Peairt 's nach biodh cead-dràibhidh air fhàgail aige? Chan eil tròcair sam bith ann an cridhe nan camara, tha a h-uile dad dubh no geal!

25

Bidh dràibhear an a' gearan mu na camarathan ùra seo gun teagamh sam bith, gu h-àraidh nuair a bhios iad glaiste air cùl làraidhean ann an sreath de chàraichean. Ach, 's e rud glè bheag a th' ann ma bhios iad a' sàbhaladh fiù 's aon bheatha.

30

Rinn mise a' chùis air cumail ris an astar ceadaichte le cuideachadh bho ghoireas rian astair a th' air a' chàr agam a-nis agus ged a bha mi mì-fhoighidneach aig amannan agus ged nach robh cus buaidh aig na camarathan ùra air m' fheallsanachd dràibhidh àbhaisteach, chan eil droch naidheachd air tighinn tron phost a thaobh mo thurais fhathast.

Saoilidh mi gum feum sinn uile fàs cleachdte ri smachd an-ìochdmhor a' chamara air an A9 ma tha sinn a' dol a thoirt piseach air an droch ainm a thaobh sàbhailteachd a tha aig an rathad mhòr seo.

35

Artaigil le Ailean Caimbeul bho Thim an Òbain (atharraichte)

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin. Cleachd fianais às an teacsa agus thoir iomradh air cànan/sgilean-sgrìobhaidh far a bheil sin iomchaidh.

1. Inns, nad fhaclan fhèin, dè am beachd a tha aig an sgrìobhadair a thaobh laghannan dràibhidh. 2
2. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a tha an sgrìobhadair a' dèanamh iomradh air dràibhearan a bhios a' dol ro shlaodach. 2
3. Inns, nad fhaclan fhèin, carson a dh'atharraich an sgrìobhadair an dòigh-dràibhidh aige nuair a bha e a' siubhal a Ghlaschu. 2
4. Dè as adhbhar gu bheil an sgrìobhadair a' togail eisimpleir de shuidheachadh a dh'fhaodadh èirigh air an A9 ann an loidhnichean 22–27? 2
5. 'Chan eil tròcair sam bith ann an cridhe nan camara, tha a h-uile dad dubh no geal!' Minich mar a tha brìgh agus stoidhle na h-abairt seo a' cur ri argamaid an sgrìobhadair. 2
6. Le bhith a' coimhead air na trì paragrafan mu dheireadh seall dè na co-dhùnaidhean chun an tàinig an sgrìobhadair. 2
7. Le bhith a' coimhead air an earrainn air fad, seall mar a tha stoidhle an sgrìobhadair a' neartachadh èifeachdas na h-argamaid aige. 3

[Tionndaidh an duilleag

Teacsa 2 – Fhicsean: Bàrdachd

Sràid Westmoreland

'N e seo an fhàilt' a bheir sinn do na daoine
a thig gus fuireach nar measg sa bhaile seo?
Dè na breugan a dh'innseadh dhaibh mu dheidhinn

5 mus do dh'fhàg iad an dachaigh as ùir' aca,
's i thall air iomall eile na Roinn-Eòrpa?
An cual' iad gum b' e àite a bh' ann an Glaschu

far an tèid fàilt' a chur air gach aon duine,
baile far a bheil blàthas, bòidhchead 's beartas?
'S iad na breugan a dh'innseas dhuinn mur deidhinn

10 fhèin, ach tha mise air na clobhsan* fhaicinn
a tha fosgailt' don t-sìde is an dìle
a' sìor dhòrtadh mar dheuran dhaoine cloinne.

Air a thoirt às an leabhar *Beatha Ùr* le Niall O'Gallagher,

* slighe a-steach gu togalach

CEISTEAN

Freagair na ceistean a leanas nad fhacail fhèin agus le bhith a' cleachdadh fianais às a' bhàrdachd far a bheil sin iomchaidh.

1. Nad bheachd, cò *na daoine* (loidhne 1) air a bheil a' bhàrdachd a-mach? Mìnich do fhreagairt le fianais às a' chiad dà rann. 2
2. Sònraich dà fhaireachdainn a bhiodh, nad bheachd, aig a' bhàrd airson nan daoine seo. Mìnich do bheachd le fianais à loidhnichean 1–8. 2
3. Nad bheachd, dè tha am bàrd a' ciallachadh anns na faclan '*S iad na breugan a dh'innseas dhuinn mur deidhinn fhèin?*' (loidhnichean 9–10) 2
4. Dè an suidheachadh a tha mu choinneamh nan daoine ann an Glaschu? (loidhnichean 10–12) Mìnich do fhreagairt le fianais às na loidhnichean seo. 2
5. Inns mun structar a tha air a' bhàrdachd agus mìnich mar a tha sin a' cur ri èifeachdas an dàin. 3
6. Tagh dà sgil theicnigeach às a' bhàrdachd (a bharrachd air structar) agus mìnich carson a tha thu gam meas soirbheachail. 2
7. Le bhith a' dèanamh iomradh air an dàn, seall mar a thug teachdaireachd na bàrdachd buaidh ort. 2

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

[DUILLEAG BHÀN]

NA SGRÌOBH AIR AN DUILLEIG SEO

ACKNOWLEDGEMENTS

Teasca 1 – Article by Allan Campbell is adapted from *The Oban Times*. Reproduced by kind permission of Allan Campbell and The Oban Times.

Teasca 2 – Extract is taken from “Sraid Westmoreland” by Niall O’Gallagher, taken from *Beatha Ùr*. Published by Clár. Reproduced by kind permission of Niall O’Gallagher and Clár.



Teisteanais
Nàiseanta
2017

X732/77/12

**Gàidhlig
Litreachas agus Sgrìobhadh**

Àrd-Ìre Adhartach

DIHAOINE, 2 ÒGMHIOS

10:50 M – 12:20 F

Gàidhlig
Literature and Writing

Comharran gu lèir — 40

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharra

Feuch AON cheist.

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharra

Feuch AON cheist.

Mura bi thu a' cleachdadh fianais bhon teacsa, feumaidh tu d' fhaclan fhèin a chleachdadh.

Sgrìobh do fhreagairt gu soilleir ann an leabhran nam freagairtean. Ann an leabhran nam freagairtean feumaidh tu àireamh na ceiste a tha thu a' freagairt a chomharrachadh gu soilleir.

Cleachd inc **gorm** no **dubh**.

Mus fàg thu seòmar na deuchainne, feumaidh tu na leabhraichean nam freagairtean a thoirt don Fhreiceadan; mura dèan thu sin, dh'fhaodadh tu na comharran gu lèir airson a' phàipeir a chall.



* X 7 3 2 7 7 1 2 *

ROINN 1 — LITREACHAS — 20 comharran

Freagair AON de ne ceistean seo air an litreachas Gàidhlig a rannsaich thu anns a' chùrsa.

Bàrdachd

1. “Tha cumhachd aig sàr-bhàrdachd faireachdainnean an leughadair a ghluasad.” Le bhith a’ beachdachadh air co-dhiù aon phìos bàrdachd, mìnich carson a tha thu ga mheas/gam meas sònraichte agus seall mar a chaidh d’ fhaireachdainnean fhèin a ghluasad.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Bàrdachd

2. “S iomadh bàrd Gàidhealach a tha air cliù eadar-nàiseanta a chosnadh dha fhèin.”

Le bhith a’ beachdachadh air cuid de na dàin a sgrìobh aon bhàrd, mìnich carson a tha a tha thu ga mheas airidh air sàr-mholadh.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, taghadh-facail, ìomhaigheachd, tònna, riochd, comhardadh . . .

20

Nobhail

3. Tha àite air leth cudromach aig nobhailean Gàidhlig ann an litreachas an latha an-diugh. Tagh nobhail a chòrd riut agus seall mar a chùim i d’ aire fhad ’s a leugh thu i agus mar a thug i ort smaoineachadh eadhon às dèidh dhut crìoch a chur oirre.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: caractar, suidheachadh, cuspair, teachdaireachd, conaltradh, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

4. “Tha caractaran aig a bheil trioblaidean sònraichte glè thric rin lorg ann an sgeulachdan goirid.”

Tagh sgeulachd ghoirid mu bheil seo fìor agus seall gu mionaideach mar a chleachd an sgrìobhadair diofar innleachdan gus co-fhaireachdainn a dhùsgadh annad fhèin.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: cuspair, teachdaireachd, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Sgeulachd ghoirid

5. “Tha mòran sgeulachdan goirid Gàidhlig suidhichte anns na bliadhnachan a dh’fhalbh ach, a dh’aindeoin seo, tha na cuspairean a th’ anna a cheart cho freagarrach anns an t-saoghal sa bheil sinn fhèin beò.”

Tagh dà sgeulachd ghoirid anns a bheil an aon chuspair a’ nochdadh agus, le bhith a’ dèanamh coimeas eatarra, seall mar a tha seo fìor a thaobh nan sgeulachdan.

Dh’fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

Dràma

6. Tagh dealbh-chluich no prògram dràma no film a bha, nad bheachd, soirbheachail ann a bhith a' nochdadh strì eadar caractaran no ann an inntinn aon de na caractaran. Seall mar a chaidh diofar innleachdan a chleachdadh gus an strì seo a thaisbeanadh agus airson buaidh a thoirt ort.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, cuspair, teachdaireachd, prìomh sheallaidhean, àirde, labhairt, taghadh-facail, . . . no mar a chaidh innleachdan-film/ na h-àrd-ùrlair a chleachdadh (leithid fuaim, solais . . .)

20

Rosg – Neo-fhicsean

7. Tha rosg neo-fhicsean a' toirt dealbh inntinneach dhuinn air an t-saoghal a bh' ann aig àm sònraichte. Le bhith a' beachdachadh air pìos rosg neo-fhicsean a chòrd riut, seall mar a chaidh an saoghal seo a thoirt am follais.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir, fiosrachadh, beachdan, sealladh, stoidhle, cànan, structar . . .

20

Diofar theacsaichean

8. “Bidh diofar ghnè litreachais tric a' beachdachadh air an aon chuspair.”

Tagh dà sheòrsa teacsa (mar eisimpleir, sgeulachd ghoirid agus bàrdachd) mu bheil seo fìor agus seall mar a dhèilig iad gu h-èifeachdach ris a' chuspair ach le stoidhlichean agus seallaidhean eadar-dhealaichte.

Dh'fhaodadh tu iomradh a thoirt air, mar eisimpleir: teachdaireachd, caractar, àite, taghadh-facail, structar, plota, àirde, puing-tionndaidh, ìomhaigheachd . . .

20

[Tionndaidhaibh airson an ath cheist

ROINN 2 — SGRÌOBHADH — 20 comharran

Feuch AON cheist.

Cuimhnich gu bheil cothrom agad na tiotalan a leanas a chleachdadh ann an dòigh sam bith. Dh'fhaodadh an aiste a bhith, mar eisimpleir; mac-meanmnaid, fiosrachail, beachdail, pearsanta no eile.

9. Cothrom smaoineachaidh.
10. An dorchadas.
11. Agus dhùin an doras le brag.
12. “Tha teicneòlas a’ milleadh ar càirdeasan.”
13. Comasan sònraichte.
14. Soirbheachas.
15. “Bu chòir barrachd taice a thoirt do sgìrean iomallach na h-Alba.”
16. A’ call.

[CRÌOCH A’ PHÀIPEIR]